**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

# BÒRD NA GÀIDHLIG A' FOILLSEACHADH TAIRGSEAN AIRSON RANNSACHAIDH

**04 An Gearran 2009**

Dh'aingnich Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann poblach le uallach airson a bhith a' leasachadh na Gàidhlig, an diugh (4 Gearran, 2009), cho cudromach agus a tha e gu bheil siostaman làidir agus coileanta stèidhichte a thaobh a bhith a' rannsachadh agus a' togail air seasmhachd na Gàidhlig.

Tha am Bòrd air tagraidhean iarraidh airson còig pròiseactan rannsachaidh ann an raointean fa-leth, a thèid a chleachdadh airson a bhith a' dealbh phoileasaidh agus a' cruthachadh stòras fiosrachaidh airson an tuilleadh leasachaidh agus breithneachadh air an t-slighe romhainn a thaobh na Gàidhlig.

Chaidh fiosrachadh air an obair a thathas an dùil a chur air adhart a sgaoileadh gu buidhnean aig a bheil ùidh anns na gnothaichean seo, agus aig a bheil eòlas air a leithid a lìbhrigeadh roimhe seo. Tha am Bòrd ag iarraidh air buidheann sam bith eile le uidh anns a' chùis fios a chur thuca.

Thuirt Peadar Morgan, Stiùiriche Planadh Cànain a' Bhùird: "Tha rannsachadh air leth cudromach ann an saoghal na Gàidhlig, agus a bharrachd air a bhith a' cumail taic do rannsachadh sinn fhèin, tha am Bòrd a' dèanamh feum de rannsachadh a rinneadh le buidhnean eile. Tha rannsachadh a tha ri fhaotainn mar tha a' feuchainn ri staid na Gàidhlig a mhìneachadh agus dè bu chòir tachairt airson sin a leasachadh, agus tha sin a' soillearachadh luach a' chànain. Tha e cuideachd fìor dheatamach gun tèid pàirt dhen rannsachadh a tha a' dol air adhart a dhèanamh ann an Gàidhlig, agus chan ann a-mhàin mun Ghàidhlig. Tha rannsachadh mu mhion-chànain eile cuideachd cudromach dhan Bhòrd, agus tha am Bòrd a' co-obrachadh le pròiseactan ann an dùthchanan eile. A bharrachd air luchd-rannsachaidh fa-leth, tha buidhnean an-sàs anns an obair, agus tha co-labhairtean gu cunbhallach gan cumail, leithid Rannsachadh na Gàidhlig a tha 'gar cuideachadh ann a bhith a' cruthachadh slighe seasamhach dhan chànan. Tha colaistean agus oilthighean a' brosnachadh rannsachadh air iomadh cuspair co-cheangailte ri Gàidhlig agus tha buidhnean Gàidhlig cuideachd a' cumail taic ri obair a tha air leth feumail. Tha e 'nar rùn a bhith a' cruthachadh deagh bhunait rannsachaidh agus stòras fiosrachaidh tron obair seo agus tha mi làn chinnteach gum bì iad tarraingeach do ghrunn bhuidhnean a th'air a bhith ag obair

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454

còmhla rinn roimhe seo. Tha e follaiseach cuideachd gur dòcha gu bheil feadhainn eile ann aig a bheil ùidh anns na cùisean seo agus dh'iarrainn orra fios a chur thugainn."

Tha Bòrd na Gàidhlig a-nis a' sireadh thairgsean airson na pròiseactan rannsachaidh a leanas: Irean Comas Cànain, Cothroman Ionnsachaidh Inbheach maoinaichte le Bòrd na Gàidhlig, Teicneòlas Corpais agus Toradh Fòghlam tron Ghàidhlig. Feumaidh tairgsean a bhith an làmhan a' Bhùird air 9mh Gearran.

Airson barrachd fiosrachaidh mu na pròiseactan seo, cuiribh fios gu Peadar Morgan, Stiùiriche Planadh Cànain a' Bhùird aig Bòrd na Gàidhlig air 01463 225454.

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

# BÒRD NA GAIDHLIG ISSUES TENDERS FOR RESEARCH PROJECTS

**04 February 2009**

The importance of robust research and development in terms of sustaining Gaelic's future has been reinforced by Bòrd na Gàidhlig, the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development.

The Bòrd has issued invitations to tender for five research projects in specific areas, which will be used to further develop policy and information baselines that will inform future developments and decision-making.

Details of the proposed research work have been circulated to interested parties with a track record in the specific areas, and the Bòrd is inviting any other organisations wishing to tender for the work, to enquire about the circumstances.

Peadar Morgan, The Bòrd's Language Planning Manager said: "Research is very important to Gaelic, and as well as supporting research, Bòrd na Gàidhlig makes use of much research which others have undertaken. Existing available research endeavours to map out the current position of Gaelic and what should be done to improve that situation, and it demonstrates the worth of the language. It is also vital that some research is carried out through the medium of Gaelic and not just about Gaelic. Research on other minority languages is important to the work of Bòrd na Gàidhlig and the Bòrd is involved from time to time in research projects in partnership with language organisations from other countries. In addition to individuals, there are research organisations and regular conferences like Rannsachadh na Gàidhlig which help us plan for the future sustainability of Gaelic. The colleges and universities promote research on many subjects in relation to Gaelic, and Gaelic organisations themselves give much support to useful studies. It is our intention to lay the foundation of a sound base of research work with these projects and I am sure that they will be of interest to a number of organisations who may have worked with us before. Obviously, there may also be others who might be interested in the work and I would encourage them to get in touch with us."
Bòrd na Gàidhlig is currently inviting tenders for the following research projects: Attitude & Ability, Adult Learning Projects funded by Bòrd na Gàidhlig, Corpus Technology and Education Output. The closing date for applications is February 9.
For further information on any of the above contact Peadar Morgan, Language Planning Manager at Bòrd na Gàidhlig on 01463 225454.

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454